

---

Dh'ullaicheadh am pàipear seo mar “Clàr Keeling” gus na h-atharrachaidhean a tha rin dèanamh air Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 le Bile nan Cànan Albannach (“am Bile”) a mhìneachadh. Tha e air a thoirt seachad gus cuideachadh le sgrùdadadh Ìre 1 na Pàrlamaid air a’ Bhile. Cha nochd e atharrachaidhean sam bith a dh'aontachear leis a’ phriomh chomataidh aig Ìre 2 no leis a’ Phàrlamaid aig Ìre 3. Ged a rinneadh a h-uile oidhrip gus dèanamh cinnteach gu bheil am fiosrachadh ceart, tha e air a thoirt seachad airson adhbharan mìneachaidh a-mhàin.

## Achd an Fhoghlaim (Alba) 2016 air a h-atharrachadh leis a’ Bhile mar a tha anns an t-sealladh

[MAR A THUGADH A-STEACH I]

### PÀIRT 2

#### FOGHLAM TRON GHÀIDHLIG

*Uallaichean aig Ministearan na h-Alba*

##### 6A Dleastanas aig Ministearan na h-Alba foghlam Gàidhlig a chur air adhart

Feumaidh Ministearan na h-Alba a bhith a’ cur air adhart, a’ cuideachadh le agus a’ toirt taic do —

(a) sholar—

- (i) foghlam luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig ann an sgoiltean,
- (ii) foghlaim tron Ghàidhlig ann an sgoiltean, agus

(b) teagasg na Gàidhlig ann an solar foghlaim adhartaich le ùghdarrasan foghlaim.

##### 6B Bun-inbhean co-cheangailte ri foghlam Gàidhlig

- (1) Faodaidh Ministearan na h-Alba le riaghlaidhean na bun-inbhean agus na riatanasan a shònrachadh ris am feum ùghdarras foghlaim cumail ann a bhith a’ coileanadh a chuid uallaichean—
  - (a) co-cheangailte ri foghlam luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig agus foghlam tron Ghàidhlig na sholar foghlaim sgoile, agus
  - (b) co-cheangailte ri teagasg na Gàidhlig ann an solar foghlaim adhartaich.

- 
- (2) Faodar riaghlaidhean fo fho-earrainn (1) solar eadar-dhealaichte a dhèanamh airson adhbharan eadar-dhealaichte agus sgìrean eadar-dhealaichte (a' gabhail a-steach diofar phàirtean de sgìre ùghdarras foghlaim).
  - (3) Ann a bhith ag ullachadh riaghlaidhean fo fho-earrainn (1), feumaidh Ministearan na h-Alba co-chonaltradh a dhèanamh —
    - (a) ri Bòrd na Gàidhlig,
    - (b) ri ùghdarrasan foghlaim,
    - (c) ris a' bhuidheann ris an canar Comann nam Pàrant (Nàiseanta),
    - (d) ri Luchd-sgrùdaidh an Rìgh airson sgoiltean (is e sin ri ràdh, luchd-sgrùdaidh nan sgoiltean air an cur an dreuchd le A Mhòrachd fo Achd 1980),
    - (e) ri daoine le com-pàirt ann a bhith a' cur na Gàidhlig agus cultar na Gàidhlig air adhart,
    - (f) ri daoine le com-pàirt ann am foillseachadh leabhairchean agus ghoireasan eile anns a' Ghàidhlig, agus
    - (g) ris na daoine eile a mheasas iad iomchaidh.

## **6C Stiùireadh do dh'ùghdarrasan poblach co-cheangailte ri foghlam Gàidhlig**

- (1) Faodaidh Ministearan na h-Alba stiùireadh a thoirt do dh'ùghdarrasan poblach Albannach co-cheangailte ri—
  - (a) foghlam luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig agus foghlam tron Ghàidhlig,
  - (b) teagastg na Gàidhlig ann an solar foghlaim adhartaich aig ùghdarrasan foghlaim,
  - (c) leasachadh an fhoghlaime a tha air ainmeachadh ann am paragrafan (a) agus (b).
- (2) Feumaidh ùghdarras poblach Albannach aig a bheil uallaichean co-cheangailte ri foghlam, chun na h-ìre a bhuiteas stiùireadh fo fho-earrainn (1) ris na h-uallaichean sin, feart a thoirt do stiùireadh sam bith a bheir Ministearan na h-Alba seachad fo fho-earrainn (1).
- (3) Ann a bhith ag ullachadh stiùireadh fo fho-earrainn (1), feumaidh Ministearan na h-Alba co-chonaltradh a chumail —
  - (a) ri Bòrd na Gàidhlig,
  - (b) ri ùghdarrasan foghlaim,
  - (c) ris a' bhuidheann ris an canar Comann nam Pàrant (Nàiseanta), agus
  - (d) ris na daoine eile sin a mheasas Ministearan na h-Alba iomchaidh.
- (4) Feumaidh Ministearan na h-Alba stiùireadh sam bith fhoillseachadh fo fho-earrainn (1).

---

## **6D Àithntean do dh'ùghdarrasan foghlaim co-cheangailte ri foghlam Gàidhlig**

- (1) Faodaidh Ministearan na h-Alba, an dèidh co-chonaltradh a dhèanamh ri ùghdarris foghlaim, àithne a thoirt don ùghdarris sin a thaobh coileanaidh—
  - (a) a chuid uallaichean fon Phàirt seo co-cheangailte ri foghlam luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig agus foghlam tron Ghàidhlig,
  - (b) a chuid uallaichean co-cheangailte ri teagasg na Gàidhlig na sholar foghlaim adhartaich.
- (2) Faodaidh Ministearan na h-Alba àithne a tha air a toirt seachad fo fho-earrainn (1)—
  - (a) atharrachadh no a chùl-ghairm, agus
  - (b) feumaidh iad a foillseachadh.
- (3) Feumaidh ùghdarris foghlaim cumail ri àithne a bheirear dha fo fho-earrainn (1).

*Measaidhean: foghlam bun-sgoile agus tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne*

## **7 Tagraighean measaidh**

- (1) Faodaidh neach a tha na p(h)àrant do phàiste a tha fo aois sgoile agus nach eil air tòiseachadh air bun-sgoil a fhrithealadh iarraidh air ùghdarris foghlaim na sgìre anns a bheil am pàiste a' còmhnaidh measadh a dhèanamh air an fheum air foghlam bun-sgoile tron Ghàidhlig (anns a' Phàirt seo, "FBG") **no tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne tron Ghàidhlig (anns a' Phàirt seo, "TICCG")**.
- (2) Feumaidh tagradh fo fho-earrainn (1) —
  - (a) buntainn ri aon phàiste a-mhàin (anns a' phàirt seo, am "pàiste a tha air a s(h)ònrrachadh"), agus
  - (b) fianais a chur an cèill, no fianais a thoirt seachad na chois, gu bheil iarrtas ann airson FBG **no TICCG**, mar a **dh'fhaodas e a bhith**, bho phàrantan cloinne eile —
    - (i) **a tha a' còmhnaidh ann an sgìre an ùghdarrais don do rinneadh an tagradh**, agus
    - (ii) **a tha, air neo a tha buailteach a bhith**, anns an aon bhliadhna sgoile ris a' phàiste a tha air a s(h)ònrrachadh.
- (3) Faodaidh tagradh fo fho-earrainn (1) fianais a chur an cèill, no fianais a thoirt seachad na chois, gu bheil iarrtas ann airson FBG **no TICCG**, mar a **dh'fhaodas e a bhith**, bho phàrantan cloinne eile —
  - (a) **a tha a' còmhnaidh ann an sgìre an ùghdarrais don do rinneadh an tagradh**, agus
  - (b) **a tha, no a tha buailteach a bhith**, ann am bliadhna sgoile eadar-dhealaichte ris a' phàiste a tha air a s(h)ònrrachadh.
- (4) Anns a' Phàirt seo, tha "bliadhna sgoile", co-cheangailte ri ùghdarris foghlaim, a' ciallachadh na buidhne de chloinn fo aois sgoile a bhios uile, nuair a thòisicheas iad

---

air foghlam bun-sgoile ann am bun-sgoil ann an sgìre an ùghdarrais, air an aon bhliadhna ann am foghlam bun-sgoile; agus tha iomraidhean anns a' Phàirt seo air pàiste a bhith anns an aon bhliadhna sgoile no ann am bliadhna sgoile eadar-dhealaichte ri cloinn eile, no an coimeas ri cloinn eile, rim mìnachadh a rèir sin.

- (5) Faodaidh Ministearan na h-Alba le riaghlaidhean tuilleadh solair a dhèanamh mu thagraidhean fo fho-earrainn (1).
- (6) Faodaidh riaghlaidhean fo fho-earrainn (5) gu sònraichte a bhith a' toirt a-steach solair airson no co-cheangailte ri—
  - (a) cruth an tagraigdh agus an dòigh anns am bi e ri dhèanamh,
  - (b) fiosrachadh (a' gabhail a-steach fianais a bharrachd air na air a h-ainmeachadh ann am fo-earrainn (2)) a tha gu bhith air a chur an cèill anns an tagradh, no an cois an tagraigdh,
  - (c) fianais air a bheil iomradh ann am fo-earrannan (2) agus (3).

## 8 Sgìrean measaidh FBG no TICCG

- (1) Tha an earrann seo ri a coileanadh nuair a gheibh ùghdarris foghlaim tagradh fo earrainn 7(1).
- (2) Feumaidh an t-ùghdarris sgìre a comharrachadh taobh a-staigh sgìre an ùghdarrais anns a bheil am feum air FBG no TICCG, mar a dh'fhaodas e a bhith, gu bhith air a mheasadh.
- (3) Bithear a' toirt iomradh anns a' Phàirt seo air sgìre a tha ainmichte fo fho-earrainn (2) mar "sgìre-mheasaidh **FBG bhuntainneach**".
- (4) Ann a bhith a' beachdachadh air dè an sgìre a bu chòir comharrachadh mar sgìre-mheasaidh **FBG bhuntainnich**, feumaidh ùghdarris—
  - (a) cho fada 's a tha e reusanta, feuchainn ri frithhealadh air—
    - (i) iarrtas airson FBG no TICCG, mar a dh'fhaodas e a bhith, a tha air a dhearbhadh le fianais anns an tagradh no ann am fianais an cois an tagraigdh, no
    - (ii) iarrtas sam bith eile airson FBG no TICCG, mar a dh'fhaodas e a bhith, air a bheil an t-ùghdarris mothachail a thaobh cloinne a tha a' còmhnaidh ann an sgìre an ùghdarrais a tha fo aois sgoile agus nach eil air töiseachadh air bun-sgoil a frithhealadh, agus
  - (b) ealla a ghabhail ris na nithean a bheir buaidh, no a dh'fhaodadh buaidh a thoirt, air mar a ghabhadh iarrtas airson FBG ~~a bhith air a choileanadh gu reusanta no TICCG~~, **mar dh'fhaodas e a bhith**, a bhith air a choileanadh gu reusanta anns **an sgìre-mheasaidh bhuntainnich**.
- (5) Ann a bhith a' gabhail ealla ris na factaran sin, feumaidh an t-ùghdarris feart sònraichte a thoirt do—

- 
- (a) stiùireadh sam bith fo earrainn 9–6C de dh’Achd na Gàidhlig (Alba) 2005,
- (b) ruigsinneachd co-cheangailte ri solar (no solar a dh’fhaodadh a bhith ann) FBG no TICCG, mar a dh’fhaodas e a bhith, anns an sgìre-mheasaidh FBG-bhuntainnich, agus
- (c) àite-còmhnaidh cloinne a tha fo aois sgoile agus nach eil air tòiseachadh air bun-sgoil a fhrithealadh dha bheilear a’ nochdadharrtas airson FBG no TICCG, mar a dh’fhaodas e a bhith, air a bheil iomradh ann am fo-earrainn (4)(a).

## 9 Ciad mheasaidhean

- (1) Tha an earrann seo ri a coileanadh nuair a gheibh ùghdarris foghlaim tagradh fo earrainn 7(1) bho phàrant pàiste a tha air a s(h)ònrrachadh.
- (2) Feumaidh an t-ùghdarris measadh a dhèanamh (“ciad mheasadh”) air an fheum air FBG no TICCG, mar a dh’fhaodas e a bhith—
- (a) a thaobh na sgìre-measaidh FBG-bhuntainnich a tha air a sònrrachadh fo earrainn 8(2), agus
- (b) air bliadhna sgoile a’ phàiste a tha air a s(h)ònrrachadh.
- (3) Ann a bhith a’ dèanamh a’ chiad mheasaidh, feumaidh an t-ùghdarris ealla a ghabhail ri fiosrachadh sam bith a th’ aige—
- (a) a bhuineas ris an iarrtas airson FBG no TICCG, mar a dh’fhaodas e a bhith, anns an sgìre-mheasaidh FBG-bhuntainnich bho phàrantan cloinne—
- (i) a tha a’ còmhnaidh anns an sgìre-measaidh FBG-bhuntainnich, agus
- (ii) a tha, no a tha buailteach a bhith, air an aon bhliadhna sgoile ris a’ phàiste a tha air a s(h)ònrrachadh, agus
- (b) a nochdas gu bheil iarrtas ann air FBG no TICCG, mar a dh’fhaodas e a bhith, anns an sgìre-mheasaidh FBG-bhuntainnich bho phàrantan cloinne—
- (i) a tha a’ còmhnaidh anns an sgìre-mheasaidh FBG-bhuntainnich, agus
- (ii) a tha, no a dh’fhaodas a bhith, air bliadhna sgoile eadar-dhealaichte ris a’ phàiste a tha air a s(h)ònrrachadh.
- (4) Tha am fiosrachadh air a bheil iomradh ann am fo-earrainn (3) a’ gabhail a-steach fiosrachaidh a tha air a chur anns an tagradh no an cois an tagraidh.
- (5) Nuair, an dèidh ciad mheasaidh co-cheangailte ri sgìre-mheasaidh FBG-bhuntainnich
- 
- (a) a bhios an t-ùghdarris riaraichte gu bheilear a’ coileanadh a’ chumha ann am fo-earrainn (6), feumaidh an t-ùghdarris co-dhùnad gum faodadh feum a bhith ann air FBG no TICCG, mar a dh’fhaodas e a bhith, anns an sgìre,

- 
- (b) nach eil an t-ùghdarris riaraichte gu bheilear a' coileanadh a' chumha sin, feumaidh an t-ùghdarris co-dhùnadh nach eil feum ann air FBG no TICCG, mar a dh'fhaodas e a bhith, anns an sgìre.
- (6) Is e an cumha gum bi còignear no barrachd cloinne ann, a' gabhail a-steach a' pháiste agus na cloinne, mu bheil am párrantan air fiosrachadh a thoirt don ùghdarris, air a bheil iomradh ann am fo-earrainn (3)(a).
- (7) Faodaidh Ministearan na h-Alba le riaghlaidhean—
- (a) fo-earrann (6) atharrachadh gus àireamh eile a chur an àite na h-àireimh cloinne a tha air a sònrrachadh an-dràsta,
- (b) cumha a stèidheachadh gus am faodar an àireamh cloinne a tha air a sònrrachadh anns an fho-earrainn sin a leughadh mar àireamh eadar-dhealaichte ann a bhith a' cur na fo-earrainn sin an gnìomh ann an ~~ùghdarsasan foghlaim~~ sgìrean de dh'ùghdarsasan foghlaim, no ann am páirtean de na sgìrean sin, a dh'fhaodar sònrrachadh ann an riaghlaidhean.
- (7A) Nuair a bhos an àireamh a tha air a sònrrachadh ann am fo-earrainn (6) ri leughadh mar àireimh eadar-dhealaichte airson diofar phàirtean de sgìre-mheasaidh bhuntainnich mar thoradh air riaghlaidhean a rinneadh fo fho-earrainn (7)(b), leughar an àireamh as isle gu bhith a' buntainn ris an sgìre-mheasaidh bhuntainnich gu lèir.
- (8) Tha an earrann seo fo rian earrainn 11.

## 10 Dleastanasan ùghdarrais fhoghlaim

- (1) Nuair a bheir ùghdarris foghlaim breith fo earrainn 9(5)(a) co-cheangailte ri sgìre-mheasaidh ~~FBG~~-bhuntainnich, feumaidh an t-ùghdarris—
- (a) measadh iomlan a dhèanamh air an fheum air FBG no TICCG, mar a dh'fhaodas e a bhith, anns an sgìre a rèir earrainn 12, no
- (b) na ceumannan a ghabhail a tha riatanach gus am FBG no TICCG, mar a dh'fhaodas e a bhith, a mheasas e iomchaidh a chur air dòigh anns an sgìre.
- (2) Nuair a bheir ùghdarris foghlaim breith fo earrainn 9(5)(b) co-cheangailte ri sgìre-mheasaidh ~~FBG~~-bhuntainnich, feumaidh an t-ùghdarris—
- (a) gun a bhith a' dèanamh tuilleadh ghnìomhan gus solar FBG no TICCG, mar a dh'fhaodas e a bhith, a chur air dòigh anns an sgìre chun na h-ìre 's a tha e co-cheangailte ris an tagradh air a bheil a' bhreith air a toirt,
- (b) measadh iomlan a dhèanamh air an fheum air FBG no TICCG, mar a dh'fhaodas e a bhith, anns an sgìre a rèir earrainn 12, no
- (c) na ceumannan a ghabhail a tha riatanach gus am FBG no TICCG, mar a dh'fhaodas e a bhith, a chur air dòigh anns an sgìre a mheasas e iomchaidh.

- 
- (3) Feumaidh ùghdarris foghlaim, taobh a-staigh 6 seachdainean bho fhuras an tagradh air a bheil breith aig a bheil iomradh ann am fo-earrainn (1) no (2) air a dèanamh, fios a chur chun nan daoine air a bheil iomradh ann am fo-earrainn (4)—
- (a) mun bhreith aige,
  - (b) mun cho-dhùnadhbh aige mu na nì e a rèir fo-earrainn (1)(a) no (b) no, mar a dh'fhaodas e a bhith, fo-earrainn (2)(a), (b) no (c), agus
  - (c) mu na h-adhbharan aige airson na breithe aige agus a' cho-dhùnaidh aige.
- (4) Is iad na daoine—
- (a) am pàrant a rinn an tagradh,
  - (b) pàrantan cloinne eile air a bheil iomradh ann an earrainn 7(2), agus
  - (c) nuair a tha an tagradh a' cur fianais an cèill, no a' toirt seachad fianais na chois, bho phàrantan cloinne eile air a bheil iomradh ann an earrainn 7(3), na pàrantan sin.
- (5) Feumaidh ùghdarris foghlaim, ro dheireadh na h-ùine a tha air a h-ainmeachadh ann am fo-earrainn (3), na leanas fhoillseachadh air an làraich-lìn aige—
- (a) a' bhreith aige air a bheil iomradh ann am fo-earrainn (1) no (2),
  - (b) an co-dhùnadhbh aige mu na nì e a rèir fo-earrainn (1)(a) no (b) no, mar a dh'fhaodadh ea bhith, fo-earrainn (2)(a), (b) no (c), agus
  - (c) na adhbharan aige airson a bhreithe agus a cho-dhùnaidh.
  - (d) fiosrachadh mun sgìre-mheasaidh **FBG bhuntainnich** air an tugadh a' bhreith aige.
- (6) Gus cumail ris an dleastanas a tha air a chur an cèill le fo-earrainn (1)(b) no (2)(c), feumaidh an t-ùghdarris dèanamh cinnteach gu bheil FBG **no TICCG**, mar a dh'fhaodas e a bhith, air a sholarachadh, anns an sgìre-mheasaidh **bhuntainnich**, taobh a-staigh na h-ùine an dèidh dha a' bhreith a thoirt a tha reusanta anns an t-suidheachadh iomlan a tha ann.

## 11 Tagraighean air nach fheumar beachdachadh

- (1) Tha fo-earrann (2) ri a coileanadh nuair—
- (a) a tha tagradh fo earrainn 7(1) (“an tagradh tùsail”) air a dhèanamh,
  - (b) a nì an t-ùghdarris foghlaim a gheibh an tagradh tùsail ciad mheasadh, a thaobh an tagraighean thùsail, fo earrainn 9 a thaobh **airson-FBG sgìre-mheasaidh buntainniche**,
  - (c) a gheibh an t-ùghdarris tagradh eile fo earrainn 7(1) (“iarrtas a bharrachd”) a bheireadh air an ùghdarris (mura b’ e fo-earrann (2)) ciad mheasadh a dhèanamh a thaobh **airson-FBG na sgìre-measaidh buntainniche**,
  - (ca) eadar—

- 
- (i) gu bheil an dà chuid a' chiad tagradh tùsail agus an tagradh a bharrachd nan tagraighean gus measadh a dhèanamh air an fheum air FBG, no
  - (ii) gu bheil an dà chuid an tagradh tùsail agus an tagradh a bharrachd nan tagraighean gus measadh a dhèanamh air an fheum air TICCG, agus
  - (d) gun d' fhuaireadh an tagradh a bharrachd taobh a-staigh bliadhna a' tòiseachadh air an latha air an d' fhuaireadh an tagradh tùsail
- (2) Chan fheum an t-ùghdarris foghlaim cumail ris an dleastanas a tha air a chur an sàs le earrainn 9(2) a thaobh an tagraidh a bharrachd (fo rian fo-earrainn (4)).
- (3) Airson adhbharan na h-earrainn seo, chan eil e gu diofar—
- (a) ged a tha an tagradh a bharrachd—
    - (i) air a dhèanamh leis an aon neach a rinn an tagradh tùsail no le neach eile, no
    - (ii) air a dhèanamh le pàrant pàiste a tha, no a tha buailteach a bhith, air an aon bliadhna sgoile ris, no air bliadhna sgoile eadar-dhealaichte bhon phàiste às leth a rinn am pàrant an tagradh tùsail, no
  - (b) ~~a bheil FBG ga sholarachadh~~ a bheil FBG no TICCG, mar a dh'fhaodas e a bhith, ga sholarachadh anns an sgìre-mheasaidh FBG bhuntainnich ris a bheil na tagraighean a' buntainn.
- (4) A dh'aindeoin fo-earrainn (2), faodaidh Ministearan na h-Alba, a thaobh a leithid de chùisean a mheasas iad iomchaidh, àithne a thoirt do dh'ùghdarris foghlaim cumail ris an dleastanas a tha air a chur an cèill le earrainn 9(2) a thaobh an tagraidh a bharrachd.

## 12 Measaidhean iomlan

- (1) Tha an earrann seo ri a coileanadh nuair—
  - (a) a gheibh ùghdarris foghlaim tagradh fo earrainn 7(1), agus
  - (b) a cho-dhùineas ùghdarris foghlaim, fo earrainn 10(1)(a) no (2)(b), measadh iomlan a dhèanamh air an fheum air FBG no TICCG, mar a dh'fhaodas e a bhith, ann an sgìre-mheasaidh FBG bhuntainnich.
- (2) Feumaidh an t-ùghdarris—
  - (a) fios a chur chun nan daoine a tha air an ainmeachadh ann am fo-earrainn (3) mun tagradh,
  - (b) fiosrachadh a thoirt dha na daoine sin mun tagradh,
  - (c) am fiosrachadh ris an do ghabh an t-ùghdarris ealla fo earrainn 9(3) ann a bhith a' dùnamh ciad measaidh a thoirt do na daoine sin, agus
  - (d) beachdan nan daoine sin a shireadh air—

- 
- (i) an fhiorsachadh a tha air ainmeachadh ann am paragrafan (b) agus (c), agus
    - (ii) breith an ùghdarrais fo earrainn 9(5).
  - (3) Is iad na daoine—
    - (a) Luchd-sgrùdaidh na Banrigh airson sgoiltean (is e sin ri ràdh, luchd-sgrùdaidh sgoiltean air an cur an dreuchd le A Mòrachd fo Achd 1980),
    - (b) Bòrd na Gàidhlig,
    - (c) a' bhuidheann ris an canar Comann nam Pàrant ([Nàiseanta](#)),
    - (d) a' bhuidheann ris an canar Fòram Phàrant Nàiseanta na h-Alba.
  - (4) Feumaidh na daoine a tha air an ainmeachadh ann am fo-earrainnean (3)(a) agus (b)—
    - (a) na beachdan a thathas a' sireadh fo fho-earrainn (2)(d) a thoirt seachad, agus
    - (b) sin a dhèanamh mus bi 4 seachdainean seachad a' tùiseachadh air an latha air an deach na beachdan a shireadh.
  - (5) Fo rian fo-earrainn (7), feumaidh an t-ùghdarris foghlaim co-dhùnadhl am bu chòir dhaibh FBG no TICCG, mar a dh'fhaodas e a bhith, a chur air dòigh anns an sgìre-mheasaidh bhuntainnich.
  - (6) Ann a bhith a' dèanamh co-dhùnaidh fo fho-earrainn (5), feumaidh an t-ùghdarris foghlaim feart a thoirt do—
    - (a) bheachdan a tha air an toirt seachad mar thoradh air fo-earrainn (2)(d) mus bi 4 seachdainean seachad a' tùiseachadh air an latha air an deach beachdan a shireadh,
    - (b) stiùireadh sam bith fo earrainn [9 6C de dh'Achd na Gàidhlig \(Alba\) 2005](#),
    - (c) fiosrachadh ris an do ghabh an t-ùghdarris foghlaim ealla ann a bhith a' dèanamh ciad measaidh fo earrainn 9(2),
    - (d) a thaobh iarrtais airson FBG no TICCG, mar a dh'fhaodas e a bhith, air a bheil iomradh ann an earrainn 9(3) bho phàrantan cloinne, far a bheil a' chlann sin a' còmhnaidh,
    - (e) fiosrachadh sam bith a th' aig an ùghdarris fhoghlaim mun iarrtas airson FBG no TICCG, mar a dh'fhaodas e a bhith, ann an sgìre an ùghdarrais bho phàrantan cloinne a tha fo aois sgoile agus nach eil air tùiseachadh air bun-sgoil a fhrithealadh,
    - (f) nuair a tha FBG no TICCG, mar a dh'fhaodas e a bhith, air a sholarachadh ann an sgìre an ùghdarrais fhoghlaim, no ann an sgìre ùghdarrais fhoghlaim eile a tha ri taobh na sgìre sin, far a bheil an solar sin,
    - (g) an ire —
      - (i) gum b' urrainn do chloinn a tha a' còmhnaidh ann an sgìre ùghdarrais fhoghlaim a tha ri taobh sgìre an ùghdarrais fhoghlaim a tha air ainmeachadh ann am fo-earrainn (5) cothrom fhaighinn air FBG no TICCG, mar a dh'fhaodas e a bhith, anns an sgìre-mheasaidh bhuntainnich,

- 
- (ii) gum b' urrainn do chloinn a tha a' còmhnaidh ~~ann an sgìre-mheasaidh FBG eothrom fhaighinn air FBG~~ ann an sgìre-mheasaidh bhuntainnich cothrom fhaighinn air FBG **no TICCG, mar a dh'fhaodas e a bhith**, ann an sgìre ùghdarrais fhoghlaim a tha ri taobh sgìre an ùghdarrais fhoghlaim a tha air ainmeachadh ann am fo-earrainn (5),
- (h) faotainneachd agus freagarrachd togalaich sam bith ann an sgìre an ùghdarrais fhoghlaim anns a bheil FBG **no TICCG, mar a dh'fhaodas e a bhith**, ga sholarachadh, no a dh'fhaodadh a bhith ga sholarachadh gu reusanta,
- (i) cosgaisean gus FBG **no TICCG, mar a dh'fhaodas e a bhith**, a sholarachadh anns an sgìre-mheasaidh bhuntainnich,
- (j) an comas daoine a ghluasad no a thrusadh gus FBG **no TICCG, mar a dh'fhaodas e a bhith**, a theagasc anns an sgìre-mheasaidh bhuntainnich,
- (k) plana Gàidhlig sam bith a tha air fhoillseachadh leis an ùghdarris fhoghlaim fo earrainn 5(9) de dh'Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 a tha an èifeachd aig an àm a nithean co-dhùnad air a bheil iomradh ann am fo-earrainn (5),
- (l) an comas a bhith a' leasachadh no a' meudachadh—
- (i) cleachdad na Gàidhlig ann an sgìre an ùghdarrais fhoghlaim, agus
- (ii) gnìomhachdan co-cheangailte ris a' Ghàidhlig ann an sgìre an ùghdarrais.
- (7) Feumaidh an t-ùghdarris foghlaim co-dhùnad solar FBG **no TICCG, mar a dh'fhaodas e a bhith**, a chur air dòigh anns an sgìre-mheasaidh bhuntainnich mura biodh e mi-reusanta, le bhith a' toirt feart do na cùisean a tha air an ainmeachadh ann am fo-earrainn (6), sin a dhèanamh.
- (8) Faodaidh Ministearan na h-Alba le riaghlaidhean—
- (a) fo-earrann (3) atharrachadh,
- (b) fo-earrann (6) ath-dheasachadh gus na cùisean a tha air an ainmeachadh anns an fho-earrainn sin atharrachadh, a thoirt air falbh, no gus cur riutha, airson na h-ùine air a bheil iomradh anns an fho-earrainn sin,
- (c) atharrachaidhean sam bith eile a dhèanamh air an earrainn seo a mheasas Ministearan na h-Alba riatanach no iomchaidh mar thoradh air atharrachadh sam bith air fo-earrann (3).

### 13 Modhan-obrach an dèidh measaidh iomlain

- (1) Tha an earrann seo ri a coileanadh nuair a tha ùghdarris foghlaim air measadh iomlan a dhèanamh air an fheum air FBG **no TICCG, mar a dh'fhaodas e a bhith**, ann an sgìre-mheasaidh bhuntainnich a rèir earrainn 12.
- (2) Feumaidh an t-ùghdarris aithisg ullachadh a tha a' cur an cèill—

- 
- (a) a cho-dhùnaidh am bu chòir no nach bu chòir solar FBG no TICCG, mar a dh'fhaodas e a bhith, a chur air dòigh anns an sgìre,
- (b) nan adhbharan airson a cho-dhùnaidh a thaobh—
- (i) gach cùis a tha air a h-ainmeachadh ann an earrainn 12(6), agus
- (ii) a dhleastanais fo earrainn 12(7), agus
- (c) nuair as e an co-dhùnadhl solar FBG no TICCG, mar a dh'fhaodas e a bhith, a chur air dòigh anns an sgìre, an ùine a tha an t-ùghdarris a' meas a bheireadh e gu reusanta FBG no TICCG, mar a dh'fhaodas e a bhith, a chur air dòigh anns an sgìre.
- (3) Feumaidh an t-ùghdarris lethbhreac den aithisg a chur—
- (a) chun a' phàrant a rinn an tagradh mun do rinneadh am measadh iomlan,
- (b) gu pàrantan cloinne eile air a bheil iomradh ann an earrainn 7(2), agus
- (c) nuair a bha an tagradh a' cur air adhart fianais, no a' toirt seachad fianais na chois, bho phàrantan cloinne eile air a bheil iomradh ann an earrainn 7(3), chun nam pàrantan sin.
- (4) Feumaidh an t-ùghdarris an aithisg fhoillseachadh air an làraich-lìn aca.
- (5) Feumar an aithisg fo fho-earrainn (4) fhoillseachadh taobh a-staigh 10 seachdainean an dèidh don ùghdarris co-dhùnadhl am measadh iomlan a dhèanamh.
- (6) Ma cho-dhùineas an t-ùghdarris solar ann am FBG no TICCG, mar a dh'fhaodas e a bhith, a chur air dòigh anns an sgìre-mheasaidh bhuntainnich, feumaidh e na ceumannan a ghabhail a tha a dhùth gus am FBG no an TICCG, mar a dh'fhaodas e a bhith, a chur air dòigh anns an sgìre a mheasas e iomchaidh.
- (7) Ann a bhith a' gabhail nan ceumannan sin, feumaidh an t-ùghdarris dèanamh cinnteach gu bheil FBG no TICCG, mar a dh'fhaodas e a bhith, air a sholarachadh anns an sgìre-mheasaidh bhuntainnich taobh a-staigh na h-ùine an dèidh a' cho-dhùnaidh air a bheil iomradh ann am fo-earrainn (6) a dhèanamh a tha reusanta anns an t-suidheachadh iomlan a tha ann.

*Tràth ionnsachadh agus cùram chloinne*

**14 Cumbachd Pàirt a leudachadh gu tràth ionnsachadh agus cùram chloinne**

- (1) Faòdaidh Ministearan na h-Alba le riaghlaidhean ullachadh a dhèanamh a mheasas iad riatanach no iomchaidh airson an adhbhair a tha air ainmeachadh ann am fo-earrainn (2) no an co-cheangal rithe.
- (2) Is e an t-adhbhar iarraidh air ùghdarris foghlaim a tha a' faighinn iarrtais fo earrainn 7(1) dèiligeadh ris mar iarrtas airson measadh a dhèanamh air an fheum air foghlam tro mheadhan na Gàidhlig san sgìre aige a bhiodh, nan deidheadh ullachadh airson am foghlam sin a choileanadh, (gu h-iomlan no ann am pàirt) an dleastanas a tha air ainmeachadh ann am fo-earrainn (3).

- 
- (3) Is e an dleastanas an dleastanas fo fho earrainn (1) de dh'earrainn 1 de Achd 1980 chun na h-ìre gu bheil e comasach a chleachdadh mar a dh'ainmicheadh ann am fo earrainn (1A) den earrainn sin (dleastanas ùghdarrasan foghlaim solarachadh tràth ionnsachaidh agus cùram chloinne a chur air dòigh).—
- (4) Faodaidh riaghlaidhean fo fho earrainn (1) gu sònraichte—
- (a) am Phàirt seo, Achd 1980 no achdachadh sam bith eile atharrachadh,
- (b) ullachadh airson gum bi solar sam bith den Phàirt seo, de Achd 1980 no de dh'achdachadh sam bith eile a bhuineas—
- (i) ri atharrachaidhean sam bith a dh'fhaodadh a bhith air an sònraichadh anns na riaghlaidhean, no
- (ii) gun atharrachaidhean.

*Ùghdarrasan foghlaim a' cur foghlam Gàidhlig air adhart*

**14A Dleastanas foghlam Gàidhlig a chur air adhart ann a bhith a' coileanadh uallaichean fo Achd an Fhoghlaim (Alba) 1980**

Ann a bhith a' coileanadh a chuid uallaichean fo Phàirtean 1 agus 2 de dh'Achd an Fhoghlaim (Alba) 1980, feumaidh ùghdarris foghlaim—

- (a) a bhith a' cur air adhart, a' cuideachadh le agus a' toirt taic do—
- (i) dh'foghlam luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig,
- (ii) dh'foghlam tron Ghàidhlig, agus
- (iii) theagasc na Gàidhlig ann an solar foghlaim adhartaich,
- (b) feart a thoirt do dh'fheumalachdan agus leas gach sgoileir, agus sgoilearan a dh'fhaodadh a bhith ann, a tha a' faighinn foghlam luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig no foghlaim tron Ghàidhlig, no a tha airson a fhaighinn.

**15 Dleastanas a bhith a' cur air adhart foghlaim agus ionnsachaidh tron Ghàidhlig**

- (1) Feumaidh a h-uile ùghdarris foghlaim na dh'fhaodadh a bhith ann de sholar foghlam sgoile ann an sgìre an ùghdarrais a chur air adhart —
- (a) a thaobh foghlaim tron Ghàidhlig, le bhith a' foillseachadh, anns an dòigh a mheasas e iomchaidh, na càrach tagradh a dhèanamh fo earrainn 7(1) don ùghdarris, agus
- (b) a thaobh foghlam luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig, anns an dòigh a mheasas e iomchaidh.
- (2) Nuair a tha fo-earrann (3) no (4) ri a coileanadh, feumaidh ùghdarris foghlaim, cho fad 's a ghabhas dèanamh gu reusanta, a bhith a' cur air adhart agus a' toirt taic do—

- 
- (a) dh'fhoghlam tron Ghàidhlig a tha ga sholarachadh anns an sgìre aige,
- (b) dh'foghlam luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig a tha ga sholarachadh anns an sgìre aige, no
- (c) (mar a dh'fhaodas e a bhith) an dà chuid.
- (3) Tha an fho-earrann seo ri a coileanadh nuair a bhios ùghdarris foghlaim, ann a bhith a' coileanadh a dhleastanais fo earrainn 1(1) de dh'Achd 1980 (dleastanas ùghdarrasan foghlaim solar foghlaim a chur air dòigh) chun na h-ìre 's a bhuineas e ri foghlam sgoile, a' cur air dòigh anns an sgìre aige solar—
- (a) foghlaim tron Ghàidhlig,
- (b) foghlaim luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig, no
- (c) an dà chuid.
- (4) Tha an fho-earrann seo ri a coileanadh nuair a bhios ùghdarris foghlaim a' cleachdadh a' chumhachd ann an earrainn 1(1C) de dh'Achd 1980 le bhith a' cur air dòigh anns an sgìre aige solar—
- (a) foghlaim tron Ghàidhlig,
- (b) foghlam luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig, no
- (c) an dà chuid.
- (5) Ann a bhith a' coileanadh a dhleastanais adhartachaidh fo fho-earrainn (2), feumaidh ùghdarris foghlaim ceumannan reusanta a ghabhail gus dèanamh cinnteach gum bi e a' foillseachadh, anns an dòigh a mheasas e iomchaidh, na tha e a' solarachadh anns an sgìre aige—
- (a) de dh'fhoghlam tron Ghàidhlig,
- (b) de dh'foghlam luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig, no
- (c) (mar a dh'fhaodas e a bhith) den dà chuid.
- (6) Ann a bhith a' coileanadh a dhleastanais taice fo fho-earrainn (2) a thaobh foghlaim air a bheil iomradh anns an fho-earrainn sin, feumaidh ùghdarris foghlaim—
- (a) ceumannan reusanta a ghabhail gus dèanamh cinnteach gu bheil na goireasan, an trèanadh agus na cothroman aig luchd-teagaisg ann an clas sam bith anns a bheilear a' tòirt seachad an fhoghlaim, a tha a dhìth gu reusanta gus am foghlam a sholarachadh gu freagarrach agus gu h-èifeachdach,
- (b) ceumannan reusanta a ghabhail gus dèanamh cinnteach gu bheil na goireasan aig sgoilearan ann an clas sam bith den t-seòrsa sin a tha a dhìth gu reusanta gus am foghlam fhaighinn agus buannachd fhaighinn às gu freagarrach agus gu h-èifeachdach, agus
- (c) feart a thoirt do stiùireadh sam bith fo earrainn **9-6C de dh'Achd na Gàidhlig (Alba) 2005.**

- 
- (7) Nuair a tha fo-earrann (8) ri a coileanadh, feumaidh ùghdarris foghlaim, cho fada 's as reusanta gu practaigeach, taic a thoirt do phàiste a tha a' còmhnaidh anns an sgìre aige cothrom fhaighinn air foghlam tron Gàidhlig a tha air a sholarachadh ann an sgìre ùghdarrais foghlaim eile.
  - (8) Tha an fho-earrann seo ri a coileanadh—
    - (a) nuair nach bi an t-ùghdarris foghlaim a' cur solar foghlaim tron Ghàidhlig air dòigh anns an sgìre aige a tha iomchaidh airson aois a' phàiste, no
    - (b) nuair a bhios an t-ùghdarris foghlaim a' cur a leithid de sholar air dòigh ach nach eil e reusanta gu practaigeach don phàiste cothrom fhaighinn air.

## **15A Dleastanas sgìre-sgoile a stèidheachadh airson sgoiltean a tha a' solarachadh foghlam tro mheadhan na Gàidhlig**

- (1) Feumaidh ùghdarris foghlaim sgìre-sgoile a stèidheachadh airson a h-uile sgoil a tha fo a stiùir anns a bheil foghlam tron Gàidhlig ga sholarachadh, airson an adhbhair leigeil le sgoilearan a dhol gu foghlam tron Ghàidhlig anns an sgoil.
- (2) Faodaidh sgìre-sgoile a stèidhicheadh fo fho-earrainn (1) a bhith (ach chan fheum i a bhith) co-ionnan ri sgìre-sgoile no sgìrean-sgoile sam bith eile.
- (3) Nuair a bhios foghlam tron Ghàidhlig agus foghlam tron Bheurla gan solarachadh anns an aon sgoil, faodaidh an sgìre-sgoile a tha air a stèidheachadh fo fho-earrainn (1) a bhith (ach chan fheum i a bhith) co-ionnan ris an sgìre-sgoile airson an t-solair Bheurla.
- (4) Feumar cumail ri fo-earrainn (1) mus bi 2 bhliadhna seachad, a' tòiseachadh air an latha air an tig earrann 20(2) de dh'Achd nan Cànan Albannach 2024 an èifeachd.
- (5) Ann a bhith a' stèidheachadh sgìre-sgoile airson sgoile fo fho-earrainn (1), feumaidh ùghdarris foghlaim ealla a ghabhail ris an fheum gus ullachaidhean siubhail reusanta a thoirt do sgoilearan a bhios a' frithealadh na sgoile, no a tha ag iarraidh an sgoil a fhrithealadh.
- (6) Ann am fo-earrainn (1), tha "sgìre-sgoile" a' ciallachadh na sgìre às an tèid sgoilearan a tha a' còmhnaidh innte a leigeil a dhol gu sgoil a rèir prìomhachais sam bith a tha stèidhichte air àite-còmhnaidh a rèir nan riaghailtean-stiùiridh a tha ùghdarris foghlaim air an cur ri chèile fo earrann 28B(1)(c) de dh'Achd an Fhoghlaim (Alba) 1980.

## **16—Stiùireadh**

- (1) ~~Tha earrann 9 de dh'Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 (stiùireadh mu foghlam Gàidhlig) air atharrachadh mar a leanas.~~
- (2) ~~Ann am fo-earrainn (1), an àite "may" euir "feumaidh".~~
- (3) ~~An dèidh na fo-earrainn sin euir a steach—~~

---

~~“(1A) Faodaidh stiùireadh fo fho-earrainn (1) gu sònraichte a bhith a’ thoirt a-steach ullachadh eo cheangailte ri foghlam Gàidhlig anns na sgoiltean.~~

~~(1B) Ann am fo-earrann (1A), tha “sgoiltean” a’ ciallachadh na tha air a thoirt seachad ann an earrann 135(1) de dh’Achd an Fhoghlaim (Alba) 1980.”~~

~~—(4) An dèidh fo-earrainn (2) cuir a-steach—~~

~~“(2A) Ùghdarris peoblach buntainneach sam bith aig a bheil gniomhan eo cheangailte ri, no ris an t-solar de, feumaidh foghlam Gàidhlig, chun na h-ire gu bheil an stiùireadh fo fo-earrainn (1) a’ buntainn ris na gniomhan, feart a thoirt don stiùireadh ann a bhith a’ coileanadh nan uallaicheadan.”~~

### *Fiosrachadh mu fhoghlaam Gàidhlig*

#### **16A A’ roinn fiosrachaiddh mu fhoghlaam Gàidhlig**

- (1) Faodaidh Bòrd na Gàidhlig brath a chur gu ùghdarris foghlaim a thoirt air an ùghdarris—
  - (a) fiosrachadh a thoirt don Bhòrd a tha am Bòrd a’ sònraichadh anns a’ bhrath mu—
    - (i) fhoghlaam luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig agus foghlam tron Ghàidhlig ann an solar foghlaim sgoile leis an ùghdarris, no
    - (ii) teagasg na Gàidhlig ann an solar foghlaim adhartaich leis an ùghdarris, agus
  - (b) am fiosrachadh sin a thoirt seachad ro cheann-latha a tha air a shònraichadh anns a’ bhrath.
- (2) Feumaidh ùghdarris foghlaim cumail ri brath a bheirear dha fo fho-earrainn (1).

### *Mìneachaidhean: Achdan eile*

#### **17 A’ chiall aig “foghlam Gàidhlig” agus “foghlam tron Ghàidhlig”**

- (1) Ann an earrainn 10(1) de dh’Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 (mìneachadh), anns a’ mhìneachadh air “foghlam Gàidhlig”, an dèidh “a’ ciallachadh foghlaim” cuiribh a-steach “anns a bheil teagasg agus ionnsachadh”.
- (2) Ann an Achd nan Sgoiltean (Co-chonaltradh) (Alba) 2010, ann am Pàipear-taice 1 (molaidhean buntainneach), anns a’ mhìneachadh air “foghlam tro mheadhan na Gàidhlig” ann am paragraf 12, an dèidh “teagasg” cuiribh a-steach “agus ionnsachadh”.

## 18 Eadar-mhìneachadh air Pàirt 2

- (1) Anns a' Phàirt seo, tha ciall nan abairtean a leanas na tha air a cur an cèill ann an earrainn 135(1) de dh'Achd an Fhoghlaim (Alba) 1980—

“tràth-ionnsachadh agus càram-chloinne”,

“ùghdarris foghlaim”,

“foghlam adhartach”,

"parant",

"sgoilear",

"sgoil",

"aois sgoile",

“foghlam sgoile”.

- (2) Anns a' Phàirt seo——

tha “sgìre”, a thaobh ùghdarrais fhoghlaim (seach nuair a bhios rudeigin eile a dhìth anns a' cho-theacs) ri a mìneachadh a rèir earrainn 135(1) de dh'Achd 1980 (faicibh am mìneachadh air “ùghdarris foghlaim”),

tha “measadadh iomlan” ri mhìneachadh a rèir earrainn 12,

tha “Gàidhlig” a' ciallachadh a' chàin Ghàidhlig mar a thathas ga bruidhinn ann an Alba,

tha “foghlam luchd-ionnsachaidh na Ghàidhlig”, a thaobh na Ghàidhlig, a' ciallachadh teagastg a' chàin do, agus ionnsachadh a' chàin le, sgoilearan dha bheil foghlam ga sholarachadh anns a' mhòr-chuid tro mheadhan na Beurla,

tha “tràth-ionnsachadh agus càram-chloinne tron Ghàidhlig” a' ciallachadh foghlaim tro mheadhan na Ghàidhlig a riaraicheadh (gu h-iomlan no ann am pàirt) an dleastanas fo fro-earrainn (1) de dh'earrainn 1 de dh'Achd 1980 chun na h-ìre a tha e ri choileanadh a rèir fo-earrainn (1A) den earrainn sin,

tha “foghlam tron Ghàidhlig” a' ciallachadh teagaisg agus ionnsachaidh tron Ghàidhlig,

tha “foghlam bun-sgoile tron Ghàidhlig” a' ciallachadh foghlaim bun-sgoile anns a bheil teagastg agus ionnsachadh tron Ghàidhlig,

tha “TICCG” a' ciallachadh tràth-ionnsachaidh agus càram-chloinne tron Ghàidhlig,

tha “FBG” a' ciallachadh foghlaim bun-sgoile tron Ghàidhlig,

~~tha “sgìre-mheasaidh FBG” ri mhìneachadh a rèir earrann 8, tha “ciad-mheasadh” ri mhìneachadh a rèir earrann 9,~~

---

tha “foghlam bun-sgoile” ri mhìneachadh a rèir earrainn 135(2) de dh’Achd 1980 ach chan eil e a’ gabhail a-steach—

- (a) tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne air a bheil e na dhleastanas do dh’ùghdarris foghlaim a chur air doigh fo earrainn 47(1) de dh’Achd na Cloinne is nan Daoine Òga (Alba) 2014, agus
- (b) foghlam sgoile sam bith a tha ùghdarris foghlaim air a chomasachadh a chur air dòigh fo earrainn 1(1C) de dh’Achd 1980,

tha “bun-sgoil” ri a mìneachadh a rèir earrainn 135(2) de dh’Achd 1980 ach chan eil i a’ toirt a-steach sgoil-àraich no clas sgoile-àraich (a rèir ciall earrainn 135(1) den Achd sin),

tha “sgìre-mheasaidh bhuntainneach” ri a mìneachadh a rèir earrainn 8,

tha “pàiste air a shònachadh” ri mhìneachadh a rèir earrainn 7(2),

tha “bliadhna sgoile” ri a mìneachadh a rèir earrainn 7(4).